



# COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

## COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN

Minute of Meeting held in the Council Chamber, Council Offices, Stornoway on Monday 2 December 2019 at 2.00 pm.

### PRESENT

Mr John A Maciver (Chairman)  
Mr Alasdair Macleod (Vice Chairman)  
Mr Calum Macmillan (By VC Link )  
Mr Finlay Cunningham  
Mr John Mackay  
Mr Gordon Murray

### APOLOGIES

Mr Kenneth Macleod

### IN ATTENDANCE

Mr Robert Emmott  
Mr Bernard Chisholm  
Mrs Shona MacIannan Chief Executive, Bòrd na Gàidhlig  
Mr Angus MacIannan  
Mrs Doileag Macleod  
Mr Colin G Morrison  
Mr Donald Weir  
Ms Peigi A Scott  
Mr Derek Mackay  
Mrs Marion Macleod

### WELCOME

The Chairman welcomed Mrs Shona MacIannan, Chief Executive of Bòrd na Gàidhlig to the meeting. The Chairman encouraged Mrs MacIannan to ask questions of the Committee and also the Members to be afforded the opportunity to hear about the work of Bòrd na Gàidhlig.

### MINUTES

#### 1 Minute of Meeting of 17 June 2019

It was agreed that the Minute of Meeting of 17 June 2019 was **approved**.

#### 2 Declaration of Interest

There were no declarations of interest.

## COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN

Geàrr-Chunntas Na Choinneimh a Chaidh a Chumail ann an Seòmair na Comhairle, Oifisean na Comhairle, Steòrnabhagh, air Diluain 2 Dùbhlachd 2019 aig 2.00f.

### AN LATHAIR

Mgr. Iain A MacIomhair (Cathraiche)  
Mgr. Alasdair MacLeòid (Iar-chathraiche)  
Mgr Calum MacMhaoilein (air ceangal Bhideo)  
Mgr. Fionnlagh Coineagan  
Mgr Iain MacAoidh  
Mgr Gòrdon Moireach

### APOLOGIES

Mgr Coinneach MacLeoid

### AN LÀTHAIR

Mgr Raibeart Emmott  
Mgr Bernard Siosalach  
Bh-Ph Shona Nicillinnein Ard Oifigear, Bòrd na Gàidhlig  
Mgr Aonghas MacIllinnein  
Bh-Ph Doileag NicLeòid  
Mgr. Cailean G Moireasdan  
Mgr Domhnall Weir  
Bh Peigi A Scott  
Mgr. Derek MacAoidh  
Bh-Ph Mòr Nicleòid

### FÀILTE

Chuir an Neach-cathrach fàilte air a Bh-ph Shona Nicillinnein, Àrd-oifigear Bòrd na Gàidhlig chun coinneimh. Thug an Neach-cathrach cothrom don Bh-ph Nicillinnein ceistean a chur is a' Chomataidh agus fhuair Buill an cothrom cluinntinn mu obair Bhòrd na Gàidhlig.

### GEARR-CHUNNTASAN

#### 1 Geàrr-chunntas na Coinneimh air 17 Ògmhios 2019

Chaidh **aontachadh** ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 17 Ògmhios 2019

#### 2 Clàradh Ùidh

Cha deach ùidh sam bith a chlàradh.

## GAELIC LANGUAGE PLAN

- 3 Comhairle nan Eilean Siar Gaelic Language Plan: Departmental Review of Progress - Chief Executive's Department

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report detailing the progress made by the Chief Executive's Department in terms of implementing the five actions in the Comhairle's Gaelic Language Plan 2019-2022 for which the Department was responsible. The Report stated that 82% of actions were fully completed.

**It was agreed to recommend that the Comhairle note the Report.**

- 4 Comhairle nan Eilean Siar Gaelic Language Plan Departmental Review of Progress: Health and Social Care

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report detailing the progress made by Health and Social Care in terms of implementing the five actions in the Comhairle's Gaelic Language Plan 2019-2022. The Report stated that 37.5% of actions were fully completed.

**It was agreed to recommend that the Comhairle note the Report.**

## APPLICATION FOR FUNDING

- 5 Bòrd na Gàidhlig Gaelic Language Act Implementation Fund 2019/20: Successful Application for Funding

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report detailing the applications to Bòrd na Gàidhlig in terms of the Gaelic Language Act Implementation Fund 2019/20 fund from the Western Isles. The Report indicated that 12 successful applications had been submitted and the total funding awarded for these Projects was £158,250. The Projects would contribute directly to the fulfilment of the three, core strategic objectives of the Comhairle's Gaelic Language Plan 2019/20,

**It was agreed to recommend that the Comhairle:**

- (1) **note the Report;**
- (2) **give a presentation to the next meeting of the Committee in relation to the Comhairle funded Gaelic Officer post at An Lanntair; and**
- (3) **submit data analysis in relation to the Gaelic Ulpan classes to a future meeting of the Committee.**

## PLANA CÀNAN

- 3 Plana Cànana Gàidhlig Chomhairle nan Eilean Siar: Ath-sgrùdadh air Adhartas – Roinn an Àrd-oifigeir

Aithisg leis an Àrd-oifigeir

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigeir a' mìneachadh adhartais le Roinn an Àrd-oifigeir ann a bhith a' buileachadh na gnìomhan ann am Plana Cànana na Comhairle 2019-2022 far an robh dleastanas air an Roinn. Dh'fhoillsich an Aithisg gu robh 82% de na gnìomhan air an coileanadh.

**Chaidh aontachadh moladh gun tugadh a' Chomhairle fa-near an Aithisg.**

- 4 Plana Cànana Gàidhlig Chomhairle nan Eilean Siar: Ath-sgrùdadh air Adhartas – Slàinte is Cùram

Aithisg leis an Àrd-oifigeir

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigeir a' mìneachadh adhartais le Slàinte is Cùram ann a bhith a' buileachadh na gnìomhan far an robh dleastanas air an Roinn fo Phlana Cànana na Comhairle 2019-2022. Dh'fhoillsich an Aithisg gu robh 37.5% den na gnìomhan air an làn choileanadh.

**Chaidh aontachadh moladh gun tugadh a' Chomhairle fa-near an Aithisg.**

## TAGRADH MAOIN IARRATAS

- 5 Maoin Bòrd na Gàidhlig airson Buileachadh Achd na Gàidhlig 2019/20: Iarrtasan Soirbheachail

Aithisg leis an Àrd-oifigeir

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigeir a' mìneachadh nan iarrtasan bhon Chomhairle gu Bòrd na Gàidhlig ann an dàimh ri Maoin Buileachadh Achd na Gàidhlig 2019/20. Dh'fhoillsich an Aithisg gun robh 12 iarrtas soirbheachail agus gun d'fhuaireadh £158,250 de mhaoin airson na pròiseactan sin. Tha na pròiseactan a biathadh coileanadh na trì prìomh amasan ro-innleachdail ann am Plana Cànana na Comhairle 2019/20.

**Chaidh aontachadh moladh dhan Chomhairle:**

- (1) **An Aithisg a thoirt fa-near;**
- (2) **Gun tigeadh taisbeanadh chun ath choinneamh den Chomataidh ann an dàimh ri dreuchd Oifigeir Gàidhlig aig An Lanntair; agus**
- (3) **Anailis data air clasaichean Ulpan gu coinneamh den Chomataidh.**

## RELATED MATTERS

- 6 Comhairle nan Eilean Siar Gaelic Language Plan: Gaelic in the Apprenticeship Programme – Update

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report detailing the implementation and success of the Gaelic Language Act Implementation Fund funded apprenticeship Gàidhlig classes. The Report stated that the Comhairle was committed to delivering an apprenticeship programme recognising the opportunities that it offered for young people in particular, to remain in the islands while acquiring training and qualifications in their chosen field of work. Apprenticeships were increasingly valued and sought after, particularly as the career routes on offer were broadened out with a growing number of local businesses offering apprenticeships with a wider range of qualifications being offered.

The Report further stated that as a bilingual authority it was important that all apprentices had an understanding of the Gàidhlig language and were given the opportunity and support to progress and upskill through the medium of Gàidhlig.

**It was agreed to recommend that the Comhairle note the Report.**

- 7 Western Isles Gaelic Student Placement Scheme 2019: Review

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report which detailed the progress and outcomes of the Western Isles Gaelic Student Placement Scheme, 2019. The Report stated that during the Summer of 2019 eighteen Western Isles-based students with Gaelic skills were placed with fourteen Gaelic organisations in the Western Isles for ten-week work placements.

The students, who were all returning to full-time education in Autumn, 2019, were thus given the opportunity to practise, improve and learn Gaelic skills, and gain experience within a professional work environment.

**It was agreed to recommend that the Comhairle:**

- (1) note the Report; and**
- (2) agree that the Scheme was continued in 2020 subject to the availability of funding**

## GNOTHAICHEAN CEANGAILTE

- 6 Plana Cànan Gàidhlig Chomhairle nan Eilean Siar: Gàidhlig ann am Prògram Preantasachd – Fiosrachadh

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear a' mìneachadh buileachadh agus soirbheachadh clasaichean Gàidhlig do phreantasan le maoin bho Mhaoin Buileachadh Achd na Gàidhlig. Dh'fhoillsich an Aithisg gu robh a' Chomhairle daingnichte ri prògram preantasachd a libhrigeadh a' toirt cothruim do dhaoine òga gu sònraichte, fuireach anns na h-Eileanan fhad 's a tha iad a' faighinn trèanadh agus teisteanas anns an raon obrach aca. Tha tuilleadh luach ga chuir air preantasachd, gu sònraichte le gu bheil roghainnean dhreuchdan dhan leudachadh le gnothachasan ionadail a' tabhann preantasachd le raon de theisteanasan rim faotainn.

Chaidh cuideachd fhoillseachadh san Aithisg gu robh e cudromach mar ùghdarras dà-chànanach gu bheil tuigse aig na preantasan uile air a' Ghàidhlig agus gun deidheadh cothrom agus taic a thoirt dhaibh na sgilean aca a leasachadh tro mheadhan na Gàidhlig.

**Chaidh aontachadh moladh gun tugadh a' Chomhairle fa-near an Aithisg.**

- 7 Sgeama Greis Gnìomhachais Oileanach nan Eilean Siar 2019: Ath-sgrùdadh

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear a' mìneachadh adhartais agus toraidhean Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach 2019. Dh'fhoillsich an Aithisg gun d'fhuair ochd oileanach deug às na h-Eileanan an lar suidheachadh tro cheithir buidhnean deug anns na h-Eileanan an lar airson deich seachdainean tron t-samhradh.

Bha na h-oileanaich uile a tilleadh gu foghlam làn ùine anns an Fhoghar 2019, agus mar sin fhuair iad cothrom an cuid sgilean Gàidhlig a chur an gleus agus eòlas fhaighinn air suidheachadh san àit'-obraich.

**Chaidh aontachadh moladh don Chomhairle:**

- (1) gun tugte fa-near an Aithisg; agus**
- (2) aontachadh gu leanadh an Sgeama ann an 2020 a-rèir maoin a bhith ri fhaotainn.**

## 8 Gaelic Enrolment Strategy

Report by Director for Education, Skills and Children's Services

The Director for Education, Skills and Children's Services submitted a Report providing an update in respect of the Comhairle's Gaelic Enrolment Strategy and information on Gaelic Medium Education (GME) provision. The Report indicated that Gaelic would become the default position for all children entering nursery or primary provision up to Primary 2. Where appropriate, the recruitment of staff with Gaelic language ability to areas such as Community Learning and Development and Childcare would more appropriately reflect the percentage of children in GME.

The Report further proposed that the Comhairle provide an increased emphasis on the promotion of Gaelic Language, History and Culture. Consequently, a range of actions were being considered as detailed in Appendix 3 to the Report and it was proposed that the Comhairle approve these as a basis for Community Conversations.

**It was agreed to recommend that the Comhairle note the Report and approve Appendix 3 as a basis for a Community Conversation and action where appropriate.**

## 9 Gaelic Specific Grants 2019-20 Mid Term Report

Report by Head of Schools and Community Learning

The Head of Schools and Community Learning submitted mid-term progress Report on the 2019-20 Gaelic Specific Grant Action Plan. The Report provided an update in relation to the following five key actions:

- Increasing the percentage of eligible children enrolling in Gaelic Medium Education for Early Learning and Childcare;
- Improve the provision of Gaelic Medium Education at primary level;
- Improve the provision of Gaelic Medium Education at secondary level;
- Promote the development of Gaelic Language, Culture and History; and
- Promote Multi-media and Learning resources for all students, staff and parents.

**It was agreed to recommend that the Comhairle note the Report.**

## 8 Ro-innleachd Chlàradh Gàidhlig

Aithisg le Stiùiriche Foghlam, Sgilean agus Seirbheisean Chloinne

Thugadh fa-near Aithisg bho Stiùiriche Foghlam, Sgilean agus Seirbheisean Chloinne a' toirt seachad fiosrachadh ann an dàimh ri Ro-innleachd Clàradh Gàidhlig na Comhairle agus fiosrachadh air ullachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG). Dh'fhoillsich an Aithisg gum biodh a' Ghàidhlig an tòiseachadh an uair a bhiodh clann a' dol gu sgoil-àraich no bun-sgoil suas gu Prìomh 2. Far am biodh seo iomchaidh, bhiodh fastadh air luchd-obrach le comasan Gàidhlig a dol gu Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd agus Cùram-chloinne a bhiodh na shamhla air an àireamh às a' cheud de chlann ann an FMG.

Tha an Aithisg cuideachd a' tairgse cuideam a bharrachd air brosnachadh Gàidhlig, a h-Eachdraidh agus a Cultar. Mar sin tha de ghnìomhan air a bheilear a beachdachadh mìnichte aig Fa-sgrìobhadh 3 den Aithisg agus a' moladh gun aontaich a' Chomhairle riutha seo mar bun-stèidh airson Conaltradh Coimhearsnachd.

**Chaidh aontachadh moladh gun tugadh a' Chomhairle fa-near an Aithisg agus gun deidheadh aontachadh ri Fa-sgrìobhadh 3 mar bhun-stèidh airson Conaltradh Coimhearsnachd agus gnìomh far a bheil sin iomchaidh.**

## 9 Tabhartasan Sònraichte do Ghàidhlig 2019-20 - Ath-sgrùdadh Meadhan teirm

Aithisg le Ceannard Sgoiltean is Ionnsachadh Coimhearsnachd

Thugadh fa-near aithisg adhartais meadhan-teirm le Ceannard Sgoiltean is Ionnsachadh Coimhearsnachd air Plana Gnìomh Tabhartasan Sònraichte do Ghàidhlig 2019-20. Dh'fhoillsich an Aithisg fiosrachadh ann an dàimh ri na còig prìomh phuingeann a-leanas:

- Meudachadh an àireamh sa cheud de chlann a' dol gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig airson Ionnsachadh Tràth agus Cùram-chloinne;
- Piseach a thoirt air ullachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig ìre bun-sgoil;
- Piseach a thoirt air ullachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig ìre àrd-sgoil;
- Brosnachadh agus leasachadh air Gàidhlig, a Cultar agus a h-Eachdraidh; agus
- Brosnachadh Stòras Ioma-mheadhain is Ionnsachaidh do gach sgoilear, don luchd-obrach agus do phàrantan.

**Chaidh aontachadh moladh gun tugadh a' Chomhairle fa-near an Aithisg.**